Blair. 456-467.

Blair Castle,
Blair Athole.

Blair 456.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Pheacaich na h-uile, agus tha iad air teachd gearr air glòir Dhé." (Romhanach iii. 23.)

"An t-anam a chiontaicheas, gheibh esan bàs." (Eseciel xviii. 20.)

"Is i an fhuil a ni réite air son an anama." (Lebhiticus xvii. 11.)

"As eughmhais dòrtaidh fola cha'n 'eil maitheanas r'a fhaotainn." (Eabh ix. 22.)

"Bhàsaich Criosd air son nan daoine neo-dhiadhaidh." (Romhanach v. 6.)

"Creid anns an Tighearna Iosa Criosd, agus teàrnar thu." (Gniomhara xvi. 31.)

"Agus cha'n 'eil slàinte ann an neach air bith eile: oir cha'n 'eil ainm air bith eile fo nèamh air a thoirt am measg dhaoine, tre am feud sinn bhi air ar teàrnadh." (Gniomhara iv. 12.)

"An neach air am bheil tart, thigeadh e. Agus ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor." (Taisbean xxii. 17.)

CREID AGUS BITHIDH TU BEO.

Gaelic Series, No. 1. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

LIBRARY
D
30 MY
1958

Blair. 457.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Tha an sgriobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus tha e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fìreantachd."
(2 Tim. iii. 16.)

"Gabhaibh do bhur n-ionnsuidh le macantas am focal a tha air a shuidheachadh annaibh, a tha comasach air bhur n-anaman a theàrnadh." (Seumas i. 21.)

"Is ann le gràs a tha sibh air bhur teàrnadh, tre chreidimh." (Eph. ii. 8.)

"Cha'n ann o oibribh, chum nach deanadh neach air bith uaill." (Eph. ii. 9.)

"Is ann o éisdeachd a thig creidimh, agus éisdeachd tre fhocal Dé." (Romh. x. 17.)

"O thoiseach is fìrinn t' fhocal-sa."
(Sailm cxix. 160.)

"Bheir fosgladh do bhriathar solus, a' teagasg nan daoine aon-fhillte." (Sailm cxix. 130.)

"Gabhadh focal Chriosd còmhnuidh annaibh gu saoibhir san uile ghliocas." (Colos. iii. 16.)

RANNSUICHIBH NA SGRIOBTUIREAN.

Gaelic Series, No. 2. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

LIBRARY
D
30 MY
1958

Blair. 458.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Na meallar sibh: cha deanar fanoid air Dia: oir ge b'e nì a shiol-chuireas duine, an nì ceudna buainidh e."
(Gal. vi. 7.)

"Is cruaidh slighe luchd-easaontais."
(Gnath-fhocail xiii. 15.)

"Pillibh, pillibh o'ur droch shlighibh; c'ar son a bhàsaicheas sibh." (Esec. xxxiii. 11.)

"Pillibh, o chlann chùl-sleamhnach."
(Ierem. iii. 22.)

"Seallaibh riumsa, agus bithibh air bhur teàrnadh."
(Isa. xlv. 22.)

"An tì a dh-éisdeas ri m'fhocalsa, agus a chreideas anns an Tì a chuir uaith mi, tha a' bheatha mhaireannach aige. (Eòin v. 24.)

"Le gràdh sìorruidh ghràdhaich mi thu; uime sin tharruing mi thu le caoimhneas gràdhach."
(Ierem. xxxi. 3.)

"Earb as an Tighearna le t' uile chridhe; agus ri d' thuigse féin na biodh do thaice."
(Gnath-fhocail iii. 5.)

PILL THUSA CHUM DO DHÉ.

Gaelic Series, No. 3. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

LIBRAR
D
30 MY
1958

Blair 459.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs: ach is e saor-thiodhlac Dhé a' bheatha mhaireannach, tre Iosa Criosd ar Tighearna." (Romh. vi. 23.)

"Is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon-ghin Mhic féin, chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bitheadh a' bheatha shìorruidh aige." (Eòin iii. 16.)

"An so a ta gràdh, cha'n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin, gu bhi 'na ìobairt-réitich air son ar peacanna." (1 Eòin iv. 10.)

"Ann an Iosa Criosd, tha sibhse a bha roimh so fad o làimh, air bhur tòirt am fagus tre fhuil Chrìosd." (Eph. ii. 13.)

"An Tì nach do chaomhainn a Mhac féin, ach a thug thairis e air ar son-ne uile, cionnus maille ris-san nach toir e mar an ceudna dhuinn gu saor na h-uile nithe?" (Romh. viii. 32.)

"Mar a ghràdhaich an t- Athair mise, mar sin ghràdhaich mise sibhse." (Eòin xv. 9.)

IS GRÀDH DIA.

Gaelic Series, No. 4. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

LIBRARY OF
D
30 MY
1958

Blair 460.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

" Is aon Dia a ta ann, agus aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an duine Iosa Criosd; a thug e féin 'na éiric air son nan uile." (1 Tim. ii. 5, 6.)

" Anns am bheil againn saorsa tre 'fhuil-san, eadhon maitheanas nam peacadh." (Col. i. 14.)

" Ma tha neach sam bith ann an Criosd, is créutair nuadh e: chaidh na seann nithe seach; feuch, rinneadh na h-uile nithe nuadh." (2 Cor. v. 17.)

" Bithibh làidir san Tighearna, agus ann an neart a' chumhachd-san." (Eph. vi. 10.)

" Is urrainn mi na h-uile nithe a dheanamh tre Chriosd, a neartaicheas mi." (Philip. iv. 13.)

" Air bhur neartachadh leis an uile neart, a réir a chumhachd ghlòirmhoir-san, chum an uile fhoighidin agus fhad-fhulangas maille ri gàirdeachas." (Col. i. 11.)

" Buidheachas do Dhia, a tha toirt dhuinne na buadha, tre ar Tighearna Iosa Criosd." (1 Cor. xv. 57.)

THOIR BUAIDH TRÌD CHRIOSD.

Gaelic Series, No. 5. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

RARY
D
30 M
1958

Blair 401.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Ciod e an tairbhe do dhuine, ged a chosnadh e an saoghal gu h-iomlan, agus 'anam féin a chall?"
(Marc viii. 36.)

"Air an aobhar sin deanaibh-sa aithreachas, agus bithibh air bhur n-iompachadh, chum gu'm bi bhur peacanna air an glanadh as, an uair a thig amanna fionnaireachd o làthair an Tighearna."
(Gniomhara iii. 19.)

"Uime sin deanaibh-sa faire: oir cha'n 'eil fhios agaibh cia an uair an tig bhur Tighearna. Ach a ta fhios so agaibh, nam b' fhiosrach fear an tighe cia an uair an tigeadh an gaduiche, gu'n deanadh e faire, agus nach fulaingeadh e gu'm bristeadh a thigh troimhe. Uime sin bithibh-sa ullamh mar an ceudna; oir is ann an uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine."
(Mata xxiv. 42-44.)

"Na coidleamaid mar dhaoine eile; ach deanamaid faire agus bitheamaid stuama." (1 Tesal. v. 6.)

"Air dhuinn sùil a bhi againn ris an dòchas bheannaichte sin, cadhon foillseachadh glòire an Dé mhòir, agus ar Slanuigheir Iosa Criosd; a thug e féin air ar son, chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd."
(Tit. ii. 13, 14.)

CUIRIBH GU BUIL GUS AN TIG MISE.

Gaelic Series, No. 6. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

Blair 462

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Tha Dia a' moladh a ghràidh féin duinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fathast nar peacaich gu'n d' fhuiling Criosd bàs air ar son." (Romh. v. 8.)

"An tì a their, Is aithne dhomh e, agus nach 'eil a coimhead 'aitheantan, is bréugaire e, agus cha'n 'eil an fhìrinn ann." (1 Eòin ii. 4.)

"Is feàrr ùmhlachd na ìobairt." (1 Sam. xv. 22.)

"Do'n tì nach dean obair, ach a ta creidsinn anns an Tì a dh' fhìreanaicheas an duine mi-dhiadhuidh, measar a chreidimh mar fhìreantachd." (Romh. iv. 5.)

"Is iad ìobairtean Dhé spiorad briste: air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir." (Sailm li. 17.)

"Is e Dia a dh' oibricheas annaibh, araon an toil agus an gniomh a réir a dheadh-ghean féin." (Philip. ii. 13.)

"Siùbhlaidh an saoghal seachad, agus 'ana-miann: ach an tì a ni toil Dé, mairidh e chaoidh." (1 Eòin ii. 17.)

TRE IOSA CRIOSD.

Gaelic Series, No. 7. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

LIBRARY O
30 M
1958

Blair 463

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Dean gairdeachas, a dhuin' òig, a' t' òige, agus deanadh do chridhe subhach thu ann an làithibh t' òige, agus siubhail ann an slighibh do chridhe, agus ann an sealladh do shùl: ach biodh fhios agad, air an son so uile gu'n toir Dia chum breitheanas thu." (Ecles. xii. 9.)

"A chionn nach 'eil binn an aghaidh droch oibre 'ga cur an gniomh gu luath, uime sin tha cridhe chloinn nan daoine làn-shuidhichte air olc a dheanamh."

(Ecles. viii. 11.)

"Tha sùilean an Tighearna air na fìreanaibh, agus a chluasa fosgailte r'an ùrnuigh: ach tha gnùis an Tighearna an aghaidh na muinntir a ni olc."

(1 Pead. iii. 12.)

"Na h-uile a ta anns an t-saoghal, ana-miann na feòla, agus ana-miann nan sùl, agus uabhar na beatha, cha'n ann o 'n Athair a ta iad, ach o 'n t-saoghal."

(1 Eòin ii. 16.)

"Ise a tha caitheamh a beatha am macnus, air dhi bhi beò, tha i marbh." (1 Tim. v. 6.)

"Is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aou chor air gabhail ris, gu 'n d'thainig Iosa Criosd do 'n t-saoghal a theàrnadh pheacach; d'am mise an ceud-fhear."

(1 Tim. i. 15.)

NA GRÀDHAICHIB AN SAOGHAL.

Gaelic Series, No. 8. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4 d. per 100.

LIBRARY·OF
D
30 MY
1958

Blair 464.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Bithibh làidir san Tighearn, agus ann an neart a chumhachd-san.

"Cuiribh umaibh uile armachd Dhé, chum gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh cuilbheartan an diabhuil.

"Oir cha'n 'eil sinn a' gleachdadh amhàin ri fuil agus feòil. ach ri uachdaranachdaibh, ri cumhachdaibh, ri riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so, ri aingidheachd spioradail ann an ionadaibh àrda.

"Uime sin glacaibh do 'ur n-ionnsuidh uile armachd Dhé, chum gu' m bi sibh comasach air seasamh an aghaidh a' bhuairidh san droch la, agus air dhuibh na h-uile nithe a dheanamh, chum seasamh.

"Seasaibh uime sin, air bhi do 'ur leasraidh air an crioslochadh le fìrinn, agus uchd-éididh na fìreantachd umaibh;

"Agus ulluchadh soisgeil na sìthe mar bhrògan agaibh air bhur cosaibh;

"Thar gach uile ni, a' glacadh do 'ur n-ionnsuidh sgéithe a' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighde teinteach an droch Spioraid a mhùchadh.

"Agus glacaibh clogaid na slàinte, agus claidheamh an Spioraid, ni a's e focal Dhé." (Eph. vi. 10-17.)

"Ag amharc air Iosa, ceannard agus fear crìochnaidh a' chreidimh." (Eabh. xii. 2.)

SAORAIDH MISE THU.

Gaelic Series, No. 9. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

NATIONAL LIBRARY
D
30 - M
1958

Blair 465.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Cha duine Dia, gu'n deanadh e bréug; no mac duine, gu'n gabhadh e aithreachas: an dubhairt e, agus nach dean e? agus an do labhair e, agus nach coimhlion se e?" (Aireamh xxiii. 19.)

"An tì a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaireannach aige; ach an tì nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac, cha 'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air." (Eòin iii. 36.)

"An tì a thig a 'm ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e." (Eòin vi. 37.)

"Aomaibh 'ur cluas, agus thigibh a'm ionnsuidh-sa; éisdibh, agus mairidh 'ur n-anam beò." (Isa. lv. 3.)

"Thigibh anis, agus tagramaid ri chéile, deir an Tighearn; ged robh 'ur peacanna mar an scarlaid, bithidh iad geal mar an sneachda; ged robh iad dearg mar chorcur, bithidh iad mar olainn." (Isa. i. 18.)

"Is i so a' bheatha mhaireannach, eòlas a bhi aca ortsa an t-aon Dia fìor, agus air Iosa Criosd a chuir thu uait." (Eòin xvii. 3.)

"Gabh-sa nis eòlas air-san, agus bi an sìth." (Iob xxii. 21.)

IARRAIBH AN TIGHEARNA.

Gaelic Series, No. 10. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

NAL·LIBRARY
D
30 MY
1958

Blair. A66

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Cha'n fhaic an Tighearna mar a chì duine; oir amhaircidh an duine air coslas an taobh a muigh, ach amhaircidh an Tighearna steach air a' chrìdhe."
(1 Sam. xvi. 7.)

"Nach 'eil fhios agaibh gur naimhdeas an aghaidh Dhé càirdeas an t-saoghail? ge b'e air bith neach uime sin leis an àill bhi 'na charaid do 'n t-saoghal, tha e 'na nàmhaid do Dhia."
(Seumas iv. 4.)

"Ciod e caidreamh na fìreantachd ri neò-fhìreantachd? agus ciod e comunn an t-soluis ris an dorchadas? agus ciod an réite a ta aig Criosd ri Belial? no ciod i cuid a' chreidich maille ri ana-creideach?" (2 Cor. vi. 14, 15.)

"Na grádhaichibh an saoghal, no na nithe a ta san t-saoghal."
(1 Eòin ii. 15.)

"Cha'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon."
(Mata vi. 24.)

"Cha d' orduich Dia sinn chum feirge, ach chum sláinte fhaotainn tre an Tighearn Iosa Criosd."
(1 Thes. v. 9.)

"A thug e féin air son ar peacanna, chum gu'n saoradh e sinn o'n droch-shaoghal a ta láthair, a réir toil Dé agus ar n-Athar-ne."
(Gal. i. 4.)

DEALAICHIBH RIU.

Gaelic Series, No. 11. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4d. per 100.

LIBRARY
D
30 M
1958

Blair 467.

MAR SO DEIR AN TIGHEARNA.

"Is beannuichte esan do'n do mhaitheadh 'easontas, d'am bheil a pheacadh air fholachadh."

(Sailm xxxii. 1, 2.)

"Dh'aidich mi mo pheacadh dhuit, agus cha do cheil mi m' eu-ceart: thubhairt mi, Aidichidh mi m' easontas do'n Tighearna; agus mhaith thusa cionta mo pheacaidh." (Sailm xxxii. 5.)

"Tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a dh'ionnsuidh Dhé trid-san a theàrnadh gu h-iomlan, do bhrìgh gu bheil e beò gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe dheanamh air an son." (Eabh. vii. 25.)

"Is beannuichte an dream air am bheil ocras agus tart na còrach: oir sàsuichear iad." (Mata v. 6.)

"Nì beannachadh an Tighearna saoibhir."

(Gnàth-fhocail x. 22.)

"Ma ghluaiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan san t-solus, tha comunn againn ri 'chéile, agus glanuidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh."

(1 Eòin i. 7.)

BEANNUICHIDH MI THU.

Gaelic Series, No. 12. Peter Drummond, Stirling, N.B. 4 d. per 100.

D
30 MY
1958